

Se clann dileas a chumhnaint,
 As geir s' giursas a shlatsa;
 Ach cha dealaich a chaoimhneas,
 A chaoidh riu reir fhacail,
 Si n' trioblaud an' fhuirneis
 Am bi E, rusgadh an' seachrain,
 Gus an iarr iad a throcair
 Gun leonadh ga cheartas.

Gus am faic iad an truaighe
 'S an gluasad gun fhaicill;
 Thig an Lagh ga n' dian-ruagadh,
 As gach bruach an robh m' fasgadh,
 'N uair ni a choguis a dusgadh;
 Le sgrudadh geur bheachdail,
 Ni i'mach dhoibh bhi cailte
 Mur tionndaidh iad dachaidh.

'N uair a bha mi na m' reubalt,
 Se fein a rinn iochd orm;
 Mo phille le trocail
 Bho shligh doruinn s' leir-sgriosa;
 Mar amhailt a griosaich,
 'S pion E mi thairis;
 'Bhar crìochan a namhaid:
 Gu Fardoch a chlanna.

Tha cuibleachan Uine
 Gu' dlu a d'ol seachad,
 Deun mo sgeadacha sgiamhach
 Le aodach iasad a Ghaisgich;
 Leis am' faigh mi a bheannachd
 A cheannuich E, daor dhom.